



The Scottish Parliament  
Pàrlamaid na h-Alba

# Na Riochdairean Agad



**Pàrlamaid na h-Alba**

**Comhairlean**

**Pàrlamaid na RA**

## Na Riochdairean Agad

Ma tha thu a' fuireach ann an Alba, bidh thu a' taghadh riochdairean airson:



Pàrlamaid na h-Alba



Comhairlean



Pàrlamaid na  
Rìoghachd Aonaichte



'S e buidhnean eadar-dhealaichte a th' anna uile agus tha diofar dhleastanasan aca.

Tha barrachd fiosrachaidh anns a' bhileig seo mu na riochdairean agad, a' gabhail a-steach na cuspairean air am bi iad gad riochdachadh agus mu mar a chuireas tu fios thuca.

Dh'fhaodte gum bi thu gad riochdachadh le comhairle coimhearsnachd airson na sgìre anns a bheil thu a' fuireach cuideachd. Bidh Comhairlean Coimhearsnachd a' riochdachadh na coimhearsnachd dhan ùghdarras ionadail (comhairle). Gheibhear barrachd fiosrachaidh [www.communitycouncils.scot](http://www.communitycouncils.scot).

Mur eil fios agad cò dha a chuireas tu fios mu chuspair shònraichte, bheir Fiosrachadh a' Phobaill ann am Pàrlamaid na h-Alba comhairle dhut.

## Pàrlamaid na h-Alba

Bidh Pàrlamaid na h-Alba a' stèidheachadh laghan co-cheangailte ri diofar chùisean a tha toirt buaidh air Alba.

Bidh ochdnar Bhall Pàrlamaid na h-Alba (BPA) agad: aon airson na sgìre ionadail agad (an sgìre-phàrlamaid) agus seachdnar airson na roinne pàrlamaid nas motha agad. Faodaidh tu fios a chur gu gin den ochdnar bhall sin.



Gheibh thu fios air cò na BPA a th' agad ma chuireas tu do chòd-puist a-steach sa ghoireas-rannsachaidh air [làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba](#) no ma chuireas tu fios gu [Seirbheis Fiosrachaidh a' Phobaill](#).

Faodaidh na BPA agad do chuideachadh ma tha ceistean no draghan agad mu dheidhinn diofar chùisean leithid:



Còmhdhail



Slàinte is Seirbheisean  
Sòisealta



Foghlam



Cuid a Chùisean  
Co-cheangailte ri Sochairean



Lagh is Rian



Poileasaidh Taigheadais



# Pàrlamaid na RA

Bidh Pàrlamaid na RA a' stèidheachadh laghan airson na RA air fad.



Bidh aon Bhall Pàrlamaid (BP) agad ann an Taigh nan Cumantan ann an Lunnainn.



Gheibh thu fios air cò am BP a th' agad ma chuireas tu do chòd-puist a-steach sa ghoireas-rannsachaidh air **làrach-lìn Pàrlamaid na RA** no ma chuireas tu fios gu **Seirbheis Fiosrachaidh Taigh nan Cumantan**.

Faodaidh am BP agad do chuideachadh ma tha ceist no dragh agad mu dheidhinn diofar chùisean leithid:



Am Bun-reachd



Cosnadh



Poileasaidh airson Dùthchannan Cèin



Dìon



In-imrich



Sochairean

# Comhairlean

Bidh Comhairlean (ris an canar ùghdarrasan ionadail cuideachd) a' libhrigeadh taghadh farsaing de sheirbheisean poblach san sgìre ionadail agad.

Bidh trìuir no ceathrar chomhairlichean ann airson na sgìre ionadail agad. Faodaidh tu fios a chur gu gin aca.



Gheibh thu fios air cò na comhairlichean a th' agad ma thadhlas tu air làrach-lìn na Comhairle agad no ma chuireas tu fios thuca. Gheibhear fiosrachadh conaltraidh airson Chomhairlean bho **Cho-chruinneachadh Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba (COSLA)**.

Faodaidh na comhairlichean agad do chuideachadh ma tha ceistean no draghan agad mu mar a thèid seirbheisean poblach a libhrigeadh leithid:



Seirbheisean Foghlaim



Clàradh airson Taghaidhean



Pàircean is Cur Seachadan




Co-dhùnaidhean Dealbhachaidh is Ceadachd



Cùram Sòisealta



Sgudal is Ath-chuairteachadh




# Fiosrachadh Conaltraidh

Fiosrachadh



## Pàrlamaid na h-Alba

 0800 092 7500 or  
0131 348 5000

 [parliament.scot](http://parliament.scot)

## Pàrlamaid na RA

 0800 112 4272

 [parliament.uk](http://parliament.uk)

## Comhairlean

(gheibhear fiosrachadh conaltraidh bho ChOSLA)

 0131 474 9200

 [cosla.gov.uk](http://cosla.gov.uk)

# Seirbheisean Fiosrachaidh a' Phobail

Chan eil ach cuid de na cùisean a bhios do riochdairean a' dèiligeadh ris anns a' bhileig seo. Airson tuilleadh fiosrachaidh mu Phàrlamaid na h-Alba, no airson fios air dè an riochdaire ris am bu chòir dhut fios a chur, cuir fios thugainn.



[parliament.scot/live-chat](https://parliament.scot/live-chat)



0800 092 7500 no 0131 348 5000  
0131 348 5395 (Gàidhlig)

Faodar fios a chur thugainn le bhith cleachdadh na seirbheis-fòn, Text Relay, no ann an Cànan Soidhnidh Bhreatainn tro [contactSCOTLAND-BSL](#)



[gaidhlig@parliament.scot](mailto:gaidhlig@parliament.scot)



The Scottish Parliament  
Edinburgh, EH99 1SP



[parliament.scot/contact](https://www.parliament.scot/contact)



HAPPY TO TRANSLATE

Ma tha fiosrachadh a dhìth oirbh ann an cruth no cànan eile, cuir fios thugainn.

Gus faighinn a-mach mar a bhios sinn a' làimhseachadh an fhiosrachaidh agad, faic [www.parliament.scot/dataprotection](https://www.parliament.scot/dataprotection)